

COIMISEAN NA CROITEARACHD

GEÀRR-CHUNNTAS COINNEAMH A'CHOIMISEIN ANNS AN TAIGH-ÒSTA RÌOGHAIL, ULAPUL AIR 25 MÀRT 2015

An làthair:	Susan Walker	Neach-gairm
	Colin Kennedy	Iar-Neach-gairm
	William Swann	Coimiseanair
	Kathleen Sinclair	Coimiseanair
	Murdo MacLennan	Coimiseanair
	David Campbell	Coimiseanair
	IG Macdonald	Coimiseanair
	Catriona Maclean	Àrd-Oifigear
	Ian Bryce	Manaidsear Gnothachais
	Donna Smith	Ceannard IS
	David Findlay	Neach-lagha a' Choimisein
	John Toal	Ceannard Poileasaidh is Dleastanasan
	Joseph Kerr	Ceannard Riaghlaidh
	Posy MacRae	Manaidsear Conaltraidh
	Morag Menzies	PA don Neach-gairm, Rùnaire Geàrr-chunntais
	Ronnie MacRae	Urras Taigheadais Choimhearsnachdan Beaga na Gàidhealtachd
	Stewart Wilson	Taighean Innse Gall (bho 09:45m)
	Brian Whittington	Taighean Innse Gall (bho 09:45m)
	Eddie Meyer	Measadair

1 FÀILTE AGUS LEISGEULAN

Fhuairadh leisgeulan bho na leanas:

Marina Dennis, Coimiseanair
Arnie Pirie, Coimiseanair
Jane Thomas, Ceannard seirbheisean Corporra is Luchd-ceannach
Gordon MacDonald, Ceannard Ionmhais
Neil Macdonald, Ceannard Ionmhais Eadar-amail

Chuir an Neach-gairm fàilte air gach neach gun choinneamh, gu h-àraid Ronnie MacRae, Stewart Wilson agus Brian Whittington.

Mhìnich an Neach-gairm gum bi Bòrd-stiùridh a' Choimisein a' tadhal air diofar phàirtean de na roinnean croitearachd uair no dhà sa bhliadhna, agus tha iad air leth toilichte a bhith ann an Ulapul. Is e an t-adhbhar airson seo, cothrom a thoirt do bhuill a' phobail Coinneamhan Bùird agus Coinneamhan Poblach a' Choimisein a fhrithealadh agus do na Coimiseanairean fhèin na diofar thaisbeanaidhean air an t-siostam croitearachd fhaicinn air feadh nan siorrachdan croitearachd.

2 FOILLSEACHADH COM-PÀIRT

Cha robh foillseachadh ann.

3 AONTA DON DREACH GEÀRR-CHUNNTAS DE CHOINNEAMH A' BHÙIRD AIR 11 GEARRAN 2015

Chaidh aonta a chur ri geàrr-chunntas na coinneimh air 11 Gearran 2015 le ùmhlachd do na h-atharrachaidhean a leanas:

Duilleag	Nì	Paragraf	Teacs atharraichte / a bharrachd
5	8	Dàrna puing	Atharraich 'Ach, 's e cùis a th' ann' gu 'Ach, dh'fhaodadh e a bhith na chùis'
8	12		Cuir ris 'Coimiseanair MacLennan – na Chathraiche air dà choinneamh de Chlàr na h-Alba agus a' frithealadh Coinneamh Co-chomataidh Comhairleachaidh Croitearachd Ùghdarras Ionadail'.

4 CÙISEAN AG ÈIRIGH BHON CHOINNEAMH MU DHEIREADH

Chaidh coimhead a-rithist ris na Puingeann Gniomha bhon choinneamh air 11 Gearran 2015:

- Duilleag 2, Nì 4, dàrna puing, chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gu bheilear an dùil film a dhèanamh mu William Mowatt, Measadair à Ronaldsay a Deas a leig dheth a dhreuchd o chionn ghoirid an dèidh 40 bliadhna, gus a bhith air a chleachdadh mar iomairt follaiseachd agus gus mothachadh a thogail do Mheasadairean eile. Tha Posy MacRae am Manaidsear Conaltraidh, a' cur air dòigh ceann-latha airson a dhol a dh'fhaicinn Mgr Mowatt.
- Duilleag 2, Nì 4, ceathramh puing, chomhairlich an Coimiseanair MacLennan gun robh còmhraidh aige leis an Àrd-Oifigear mu imrich air dreuchdan luchd-obrach a-mach à Inbhir Nis ach cha b' e làn deasbad a bh' ann.
- Duilleag 5, Nì 8, bha Coimiseanair MacLennan ag iarraidh a chlàradh gur e a' Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais an aon chomataidh reachdail a th' aig a' Choimisean agus b' ann a' leantainn air in-ghabhail na Pàrlamaid a bha na buill air an taghadh 2/3 agus air am fastadh 1/3.
- Tha am Buidseat Ionmhasail cothromach airson na bliadhna ionmhais seo.

5 ÙR-FHIOSRACHADH MUN CHUNNTAS CROITEARACHD

Thug Ceannard IS fiosrachadh às ùr mu na toraidhean aig a' Chunntas Croitearrachd. Chaidh dìreach fo 17,000 foirm a sgaoileadh agus thilleadh mu 12,500, a tha co-ionann ri 76%. B' e 16 Faoilleach 2015 an ceann-latha deireannach airson foirmean a thilleadh.

An t-seachdain a chaidh, sgaoileadh 4,000 litrichean ath-chuimhneachaidh gu na daoine nach do thill am foirm agus tha seo air àireamh mhòr de ghairmean fòn chun na h-oifis a bhrosnachadh, le daoine ag iarraidh foirm eile a chur a-mach thuca.

Thàinig Stewart Wilson agus Brian Whittington bho Taighean Innse Gall aig 09:45m.

Gu ruige seo, tha an àireamh as ìsle de thillidhean à Arcaibh agus Earra-Ghàidheal, co-ionann ri 67%, agus an àireamh as àirde à Sealtainn aig 80%.

Tha ceann-latha deireannach eile air a stèidheachadh airson 24 Giblean 2015 agus às dèidh sin bidh làn anailis air a choileanadh den dàta uile a fhuairheadh.

Tha an Coimisean airson taing a thoirt don luchd-obrach mu choinneamh na h-obrach a bharrachd a bha aca ri ghabhail os làimh a thaobh a' Chunntais Croitearachd, agus bha iad a' faireachdainn gun robh an iomairt mheadhanan air a stiùireadh leis a' Mhanaidsear Conaltraidh air diofar mòr a dhèanamh a thaobh na h-àireimh de fhoirmean a chaidh a thilleadh.

6 ÙR-FHIOSRACHADH MU NA BUIDHNEAN OBRACH GEÀRR-AMA

Co-dhùnaidhean Tiomnaichte STWG – Chomhairlich Iar-Neach-gairm Kennedy gun robh am buidheann air coinneachadh o chionn ghoirid agus gu bheil iad a' feuchainn a-mach chùisean agus a' leasachadh frèam-obrach airson dèanamh cho-dhùnaidhean a thiomnadh. Is e crìochan a' chùis as cudromaiche còmhla ri aithrisean poileasaidh soilleir a' tighinn bhon Bhòrd chun an luchd-obrach. B' e coinneamh gu math dearbhach a bh' ann.

Prìomh Chomharran Coileanaidh STWG – Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gu bheil Prìomh Chomharran Coileanaidh a' Choimisein air an cur gu Riaghaltas na h-Alba agus tha lèirmheas a dhìth gus coimhead ris na thathar air a choileanadh sa bhliadhna a chaidh seachad agus coimhead air adhart ri Bliadhna 2.

Aithisgean Teicnigeach STWG – Dh'aithris an Coimiseanair Campbell gun robh coinneamh mhath aca agus bhathar a' faireachdainn gu bheil feum aig aithrisean RPID a bhith nas cuimsichte air fiosrachadh a dh'fheumas an Coimisean seach aithisgean inbhe àiteachais. Tha am buidheann a' coimhead ri prìomh èifeachdan a dhèanamh le bhith ag iarraidh aithisgean RPID tron ùine gearain 28 latha an àite fuireach gu às dèidh na h-ùine gearain 28 latha airson aithisg iarraidh, agus tha an Ceannard Riaghlaidh a' toirt seo air adhart.

Riaghailtean Ionaltraidh STWG – Chomhairlich Coimiseanair Macdonald gu bheil am buidheann ag obair air sìmpalachadh na teamplaid agus a' dèanamh an stiùiridh nas leudaichte. Thig am buidheann air ais le aithisg gu Coinneamh Bùird sa Chèitean.

Bha an t-Àrd-Oifigear air iarraidh air Coimiseanairean o chionn ghoirid cuideachadh gu saor-thoileach le Pròiseas Dhleastanasan STWG agus bha i air deagh fhreagairt fhaighinn. Bidh a' chiad choinneamh air a cumail air 23 Giblean 2015 eadar Coimiseanairean MacLennan, Campbell agus Macdonald.

Chomhairlich an Neach-gairm gun robh cuid de Choimiseanairean agus buill den Àrd-sgioba stiùiridh air Trèanadh Mheadhanan a fhrithealadh o chionn ghoirid a bha làithreach agus buntainneach.

7 AITHISG GHOIRID AIR TACHARTASAN AIR AM FRITHEALADH LE COIMISEANAIREAN

Thug na Coimiseanairean seachad fiosrachadh às ùr mu choinneamhan a bha iad air a fhrithealadh bhon Choinneamh Bùird mu dheireadh:

Coimiseanair Sinclair – Turas taisbeanaidh SRDP ann an Sealtainn. Is e an 29 Cèitean an ceann-latha deireannach airson clàradh, a dh'fheumas a bhith dèante air-loidhne agus chan eil ach 50% den luchd-tagraidh air clàradh gu ruige seo. Tha e cudromach gun clàr comataidhean ionaltraidh cuideachd no chan urrainn dhaibh tagradh airson an SRDP.

Coimiseanair MacLennan – Cathraiche air coinneamh SRDP ann am Barabhas, frithealadh agallamhan airson neach-gabhail gabhaltais falamh ann an Uibhist a Tuath agus frithealadh Co-labhairt Dleastanas Atharrachail Riaghlaidh is Sgrùdaidh ann an Alba, a bha air a chumail ann an Dùn Èideann.

Coimiseanair Campbell – Frithealadh coinneamh foillseachaidh SRDP ann an Inbhir Nis agus chuir seachad an latha aig Cruinneachadh Chroitearan Òga SCF ann an Asainte, a bha glè bhrosnachail. Thathar an dòchas gum bi an SCF comasach air brosnachadh dealas a chumail suas am measg nan daoine òga, a tha air coinneamh leantainneach a chur air dòigh sa Chèitean agus tha iad air duilleag Facebook a stèidheachadh mar-thà.

Coimiseanair Macdonald – Fhritheil e agallamhan ann an Uibhist a Tuath airson gabhaltas croite falamh agus 's e turas glè dheimhinneach a bh' ann. Bha còig tagraichean ann ach dìreach aon ghabhaltas. Fhad 's a bha e ann an Uibhist a Tuath, fhritheil e coinneamh mhath cuideachd le Oighreachdan Uibhist a Tuath a thaobh leigeil chroitean falamh a-mach air màl. Fhritheil e dà choinneamh le SGRPID ann am Port Rìgh, aon dhiubh airson mearachdan a dheasbad ann an obrachadh a-mach heactairean a thaobh roinnean ionaltraidh, a bha air tachairt far an robh roinn aig luchd-earrannan ann am barrachd na aon ionaltradh coitcheann.

Neach-gairm – Fhritheil i na h-agallamhan ann an Uibhist a Tuath airson a' ghabhailtais fhalamh, air iarraidh nochdadh mar Fhianais air a' chuspair a thaobh Ath-leasachadh Fearainn aig Coinneamh Comataidh Chùisean Dùthchail is Atharrachadh Gnàth-shìde is Àrainneachd Phàrlamaid na h-Alba ann an Dùn Èideann agus Seisean Trèanadh do luchd-dealbhaidh ùghdarrasan ionadail sa Ghearasdan, cuideachd air a frithealadh le Finlay Beaton. Thog an Seisean Trèanadh Planaidh an fheum aig a' Choimisean air modh obrach nas èifeachdaiche leis na h-Ùghdarrasan Planaidh a lorg, agus thig Pàipear air a' chuspair seo gun Bhòrd airson deasbad. Fhritheil i Trèanadh Mheadhanan, Cruinneachadh Chroitearan Òga SCF agus Coinneamh Buidheann Crois-Phàrtaidh ann an Dùn Èideann.

8 ÙR-FHIOSRACHADH MU NA FOIRMEAN TAGRAIDH

Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gu bheil na còig foirmean tagraidh as cumanta air an ath-sgrùdadh agus cuirear a-mach iad le nòtaichean stiùiridh timcheall air 20 Giblean 2015. Thathar an dòchas gun lùghdaich foirmean tagraidh nas mionaidiche an àm giullachd agus an fheum air aithisgean RPID.

Bidh lomairt Mheadhanan ann airson foillseachadh nam foirmean ùra a shanasachadh agus tha duilleagan fiosrachaidh air an cuairteachadh gu Coimiseanairean airson an aonta agus beachdan ro 1 Giblean 2015. Bidh duilleagan fiosrachaidh rim faotainn gu didseatach agus bheirear bileagan ùra gu buil a bhios rim faotainn don phoball anns na h-Oifisean Sgìreil, a thuilleadh air bhon Choimisean.

9 TAISBEANADH LE RONNIE MACRAE, URRAS TAIGHEADAIS CHOIMHEARSNACHDAN BEAGA NA GÀIDHEALTACHD

Thug Ronnie MacRae seachad taisbeanadh air Urras Taigheadais Choimhearsnachdan Beaga na Gàidhealtachd, a tha ag amas air coimhearsnachdan dùthchail a chuideachadh agus fiosrachadh mu Eallach Taigheadais Dùthchail agus an Sgeama Màil gus Ceannach.

Thàinig an Sgeama Màil gus Ceannach a-mach à tagradh soirbheachail HSCHT gu taigheadas a liubhairt ann an sgìrean dùthchail. Thuig HSCHT gun robh e sìor fhàs duilich morgaidsean fhaotainn mar thoradh air na tasgaidhean mòra a bhathar ag iarraidh. Tha an Sgeama Màil gus Ceannach ag amas air daoine a chuideachadh a tha airson sealbh a ghabhail air an taighean le bhith a' ceadachadh dhaibh dachaigh ùr a ghabhail air màl airson 5 bliadhna fhad 's a bhios iad a' sàbhaladh tasgaidh. Tha an Sgeama Màil gus Ceannach ag amas air daoine a chuideachadh a tha air teachd-a-steach ìosal gu bhith nan sealbhadairean dachaigh ann an coimhearsnachdan

dùthchail, le bhith a' tilleadh sùim ais-airgead 'dìlseachd' gun neach-gabhail aig deireadh nan 5 bliadhna màil, ma cheannaicheas iad an taigh. Tha an sùim seo ga chleachdadh mar an tasgadh a dh'fheumar gus morgaids àbhaisteach a thèarainn. Tha an neach-gabhail ag atharrachadh gu sealbhadair. Is e buannachd eile gu bheil prìs an taighe stèidhichte. Tha seo a' ciallachadh ged a dheigheadh prìsean thaighean suas thar nan 5 bliadhna, cha bhi aca ri tuilleadh a phàigheadh.

Gheibh daoine òga prìomhachas a tha a' fuireach ann an taigheadas sòisealta, air màl phrìobhaideach no còmhla ri càirdean no ma tha atharrachadh cudromach air a thighinn nan suidheachadh. Faodaidh iadsan aig a bheil sealbh no pàirt-seilbhe air taigh tagradh a chur a-steach, ged a dh'fheumas iad am pàirt san taigh sin a reic.

Tha togail nan taighean ùra sin a' solarachadh obair air a bheil cruaidh-fheum ann an coimhearsnachdan dùthchail.

Tha cùisean mòra ann airson fèin-thogail agus tha an HSCHT dòchasach mu ainmeachadh an ath-sheachdain mu Mhaoin Fèin-Thogail a tha Riaghaltas na h-Alba a' cruthachadh. Chan eil e gu bhith ach airson 2 bhliadhna ach is e maoin chuirteachaidh a th' ann far am faod daoine morgaids fèin-thogail fhaotainn airson an t-sùim iomlan bhon riaghaltas aig fìor thoiseach na pròiseict, gus an cuideachadh gu am fèin-thogail a dhèanamh agus an uair sin tha iad a' gluasad gun mhorgaids àbhaisteach.

Ma ghabhas sin a stèidheachadh agus dearbhadh gun obraich e, tha Riaghaltas na h-Alba air moladh gun leudaich iad an sgeama, ma cheadaicheas maoinachadh.

Thug an Neach-gairm taing do Mhgr MacRae airson a thaisbeanadh inntinneach.

10 TAISBEANADH LE STEWART WILSON AGUS BRIAN WHITINGTON, TAIGHEAN INNSE GALL

Thug Stewart Wilson agus Brian Whittington taisbeanadh seachad mu obair Taighean Innse Gall.

Air feadh nan Eileanan Siar, tha mu 800 taigh croite trèigte nan laighe falamh agus tha feum deatamach air obraichean do dhaoine òga. Tha mòran a' fàgail gus a dhol don Oilthigh agus chan eil iad a' tilleadh. Tha TIG airson togalaichean a cheannach, an dèanamh suas gu ìre èifeachdais lùtha glè àrd, gus a bheil na cosgaisean ruith air an lùghdachadh gu mòr agus daoine òga a bhith ag obair air na taighean airson an coimhearsnachdan ath-thogail. Tha iad dealasach mun chruth-tìre a ghleidheadh le bhith a' toirt mullach nan taighean dhiubh agus a' leagail a-steach ionsulaideadh ùr, mar sin a' cumail coltas traidiseanta nan taighean.

Tha TIG air conaltradh ri Urras Carnegie a tha air a bhith a' conaltradh ri Stèidheachd William Grant airson comas air taic ionmhasail agus tha iad miannach air taic a chur ris a' phròiseact. Tha HIE agus Alba Aosmhor am measg feadhainn eile, taiceil cuideachd don bheachd-smuain.

Chan eil TIG idir airson fearann croite a dhi-chroiteadh, agus tha ùidh aca ann am faighinn a-mach a bheil an Coimisean den bheachd gun gabh am planaichean an coileanadh.

Bha deasbad ann mu dheidhinn mar a gheibheadh TIG cothrom air taighean airson na pròiseict aca agus brosnachadh ionmhasail gu leòr a sholarachadh do chroitearan gus an taighean a reic. Tha TIG miannach don Choimisean conaltradh ri croitearan agus feuchainn ri am brosnachadh a thighinn an sàs sa phròiseact.

Dh'fhaighnich Mgr Wilson an robh an Coimisean den bheachd gum biodh e comasach do TIG croit iomlan a cheannach agus dè na buadhan a bhiodh an cois sin, agus thuir an t-Àrd-Oifigear gum biodh i toilichte a' chùis sin a dheasbad le Mgr Wilson gus feuchainn ri fuasglaidhean fhaighinn.

Dh'aontaich an Neach-gairm gur e bun-bheachd glè inntinneach a bh' ann agus thug i taing do Mgr Wilson agus Mgr Whittington airson an taisbeanadh inntinnich.

11 CEANN-LATHA NA h-ATH CHOINNEIMH

13 Cèitean 2015 – Taigh a' Ghlinne Mhòir.

12 GNOTHACH IOMCHÀIDH EILE

Cha robh gnothach sam bith ann.

13 TOIRMEASG AIR MEADHANAN AGUS POBALL

Chriochnaich a' choinneamh aig 11:17m.